



Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear

PLANA GÀIDHLIG 2013-17



Thathar air am plana seo a chur ri chèile fo Earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh aonta a chur ris le Bòrd na Gàidhlig air 2 Giblean 2014.



Facal-toisich

Tha Siorrachd Inbhir Àir an Ear moiteil às an eachdraidh a th' aca mu bhith a' brosnachadh na Gàidhlig, a' toirt a-steach stèidheachadh solar foghlaim dha gach aois bho na tràth bhliadhnaichean gu foghlam inbheach a bharrachd air a bhith a' brosnachadh thachartasan cultarail gu gnìomhach nar coimhearsnachd. Chan e amhàin gun do bhuail an t-solar seo air feumalachdan agus dealas an fheadhainn aig a bheil ùidh sa Ghàidhlig, ach tha e air cuir ri saobhreachadh na coimhearsnachd fhèin agus air mothachadh de phàirt chudromach de dhualchas is chultair na dùthcha, a thogail san raon seo.

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear a' gealltainn a bhith ag obair le Bòrd na Gàidhlig, ar Com-pàirtichean Dealbhadh Coimhearsnachd agus prìomh luchd-seilbh eile gus cuideachadh leis a' Ghàidhlig, a dualchas agus a cultar a ghlèidheadh airson ginealaichean ri teachd, agus far a bheil sin comasach, a bhith a' leasachadh cleachdaidh na Gàidhlig.

Is e Plana Gàidhlig 2013-17 a' chiad Plana de leithid aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear. Tha e a' suidheachadh na h-amasan a tha sinn a' dealbhadh thairis air na ceithir bliadhna ri teachd, a' toirt cunntas air mar a thèid iad an cuir an-gnìomh. Tha fòcas làidir aige air gnìomhachd airson ar n-òigridh agus muinntir na coimhearsnachd aig a bheil ùidh ann an ionnsachadh na Gàidhlig, gu sònraichte Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, agus cuideachd ag amas air ùidh nas fharsaingean ann an cultar is dualchas na Gàidhlig a bhrosnachadh.

Tha a' Ghàidhlig beò agus a' leantainn air tighinn air ais ann an Siorrachd Inbhir Àir an Ear. A' cumail ris an t-suidheachadh nàiseanta, tha e deatamach gun tèid an dealas ionadail a th' ann airson cànan is cultar na h-Alba a neartachadh, tro chom-pàirteachas. Mar sin, tha e cudromach gum bi Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear ag àrdachadh, a' dèanamh comasach agus a' brosnachadh ùidh taobh a-staigh ar coimhearsnachdan, a' toirt air adhart a' ghnìomhachd a tha sinn a' dealbhadh ann an dòigh a tha adhartach ach mothachail air na suidheachaidhean ionadail againn.

Ann am prionnsapal, tha a' Chomhairle a' gealltainn gun toir iad co-ionannachd spèis don Ghàidhlig leis a' Bheurla agus gun toirear tairgse ghnìomhach de sheirbheisean Gàidhlig seachad do luchd-còmhnaidh Shiorrachd Inbhir Àir an Ear agus do luchd-turais far am bi sin ri fhaighinn.

Tha a' Chomhairle taiceil do dh' amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2012-17 agus amasan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun lean a' Ghàidhlig mar chànan beò, agus mar phàirt dhlùth de dhualchas cultarail na h-Alba, agus tha sinn cinnteach gum bi am Plana againn ag obair a dh' ionnsaigh seo.

Fiona Lees
Ceannard
Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear

Clàr-innse

Giorrachadh

Structair a' Phlana Gàidhlig

Caibideil 1

Ro-ràdh

- **Sealladh farsaing air Siorrachd Inbhir Àir an Ear**
Eòlas-sluaigh Siorrachd Inbhir Àir an Ear
Cruthachadh agus Gnìomh Comhairle Siorrachd Inbhir Àir an Ear
- **A' Ghàidhlig ann an Siorrachd Inbhir Àir an Ear**
Solar ionnsachaidh na Gàidhlig ann an Siorrachd Inbhir Àir an Ear
Ionnsachadh san Sgoil
Ionnsachadh sa Choimhearsnachd
A' Ghàidhlig sa Choimhearsnachd
A' Ghàidhlig sa Chomhairle
A' Ghàidhlig agus Prìomh Chom-pàirtichean

Caibideil 2

Geallaidhean Bunaiteach

- Luchd-obrach
- Ìomhaigh
- Conaltradh
- Foillseachaidhean

Caibideil 3

Buaidh aig Poileasaidh air Gàidhlig: a' cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an gnìomh

- Togail Cànain
- Cleachdadh Cànain
- Inbhe a' Chànain
- Corpas a Chànain

Earrann 4

Cur an Gnìomh agus Dearcnachadh

Fios Conaltraidh

Giorrachadh

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt riatanach de dhualchas, dearbh-aithne nàiseanta agus beatha chultarail na h-Alba. Tha rùn aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath ris na cinn-chrìche ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus tha i ag obair le coimhearsnachdan is com-pàirtichean gus na structaran is tionnsgnaidhean a tha a dhìth gus a bhith cinnteach gu bheil seasmhachd an dàn don Ghàidhlig ann an Alba.

Tha a' Chomhairle ag aithneachadh gu bheil suidheachadh na Gàidhlig air-leth cugallach agus, ma tha a' Ghàidhlig gu bhith air a h-ath-bheòthachadh mar chànan beò ann an Alba, gu bheil fìor oidhirp a dhìth bhon riaghaltas, bho na roinnean poblach is prìobhaideach, bho bhuidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa-leth gus:

- inbhe na Gàidhlig àrdachadh;
- togail is ionnsachadh na Gàidhlig a chuir air adhart; agus
- barrachd cleachdaidh na Gàidhlig a bhrosnachadh.

Thathar air Plana Gàidhlig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear a chur ri chèile taobh a-staigh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur am follais mar a chleachdas sinn a' Ghàidhlig anns an obair againn, mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach fhad is a thathar ri conaltradh ris a' phoball agus prìomh chom-pàirtichean, agus mar a chuireas sinn air adhart is a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig le bhith a' toirt air adhart ar gnìomhachd dealbhaichte ann an dòigh a tha adhartach ach mothachail air suidheachaidhean ionadail.

Chaidh am plana seo a chur ri chèile a-rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, le mothachadh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus an Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Structair a' Phlana Gàidhlig

Is iad na mìrean bunaiteach anns a' Phlana Gàidhlig againn:

Caibideil 1 – Ro-ràdh

Tha a' chaibideil seo a' toirt seachad fiosrachaidh mun eachdraidh agus mun t-suidheachadh a thaobh ullachadh nam Planaichean Gàidhlig fo Achd 2005 agus structar prìomh raointean-obrachaidh Chomhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear. Tha e cuideachd a' cur an cèill geàrr-chunntas de dh' eòlas-sluaigh na Gàidhlig.

Caibideil 2 – Geallaidhean Bunaiteach

Tha a' chaibideil seo ag innse mar a chleachdas is mar a bheir a' Chomhairle cothrom air cleachdadh na Gàidhlig anns na prìomh obraichean gnìomhach againn. Tha e a' sealltainn ris na prìomh raointean-obrach leithid ìomhaigh chorporra, sanasan, conaltradh ris a' phoball agus cleachdadh na Gàidhlig air an làrach-lìn againn. Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh na h-ìre as ìsle de dh'ullachadh Gàidhlig a bhios sinn a' gealltainn fad beatha a' Phlana.

Caibideil 3 - Buaidh aig Poileasaidh air Gàidhlig: a' cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an gnìomh

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a chuidicheas Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear le gnìomhachadh *Plana Nàiseanta na Gàidhlig*. Tha e cuideachd a' sealltainn mar a tha sinn airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh ann an dealbhadh seirbheis is libhrigidh, mar a tha sin iomchaidh.

Earrann 4 – Cur an Gnìomh agus Dearcnachadh

Tha a' chaibideil seo ag innse mar a thèid cur an gnìomh a' Phlana Ghàidhlig againn a thoirt air adhart agus mar a thèid cur an gnìomh is toraidhean a sgrùdadh.

Caibideil 1 – Ro-ràdh

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a ghleidheadh mar chànan oifigeil leis an aon cho-ionannachd spèis is a thathar a' toirt don Bheurla.

Aon de na nithean as cudromaiche ann an Achd 2005 is e an t-ullachadh a bheir comas do Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air buidhnean poblach planaichean Gàidhlig a chur ri chèile. Chaidh an t-ullachadh seo a chruthachadh gus dèanamh cinnteach gun cuidich an earrann phoblach ann an Alba gus seasmhachd a thoirt don Ghàidhlig le bhith a' cur ris an inbhe is an ìomhaigh aice agus a' cruthachadh chothroman gus a cleachdadh.

Fo Achd 2005, feumaidh buidhnean poblach ullachadh a' Phlana Gàidhlig aca a thoirt gu aire nam buidhnean uile aig a bheil ùidh sa chùis. Chuir Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear comhairle gu follaiseach mu dhreachd a' phlana Ghàidhlig aice tràth ann an 2013 agus thug i aire do bheachdan a fhuair i ri linn a' cho-chomhairleachaidh.

SEALLADH FARSAING AIR SIORRACHD INBHIR ÀIR AN EAR

Tha àrainneachd mhath aig Siorrachd Inbhir Àir an Ear le seirbheisean mhatha, nam measg slàinte, foghlam, seirbheisean sòisealta is cur-seachadan agus spiorad làidir sa choimhearsnachd. Tha dealbh-tìre beartach is farsaing ann agus mòran ri fhaicinn a thaobh dualchas nàdair agus ùidh saidheansail, agus tha na togalaichean anns an sgìre càilear.

Tha raon dùthchail farsaing aig Siorrachd Inbhir Air an Ear far a bheil àiteachas agus coimhearsnachdan a bha roimhe an sàs ann am mèinnearachd rèidh taobh ri taobh. Tha raointean mòra de dh' uachdar dùthcha tarraingeach ann ach cuideachd tha raointean mhatha de dh' eas-bhuannachdan eaconamach ann. Faodaidh coimhearsnachdan dùthchail a bhith fad às bho sheirbheisean, chothroman-obrach agus ghnìomhachd a bhios nan cleachdaidhean àbhaisteach do dhaoine ann an sgìrean nas motha agus nas trainge.

Eòlas-sluaigh Siorrachd Inbhir Àir an Ear

Tha sluagh de thimcheall air 122,700 a' fuireach ann an Siorrachd Inbhir Àir an Ear (Stòr: Cunntas-sluaigh 2011), ann an sgìre de 490 mìle ceàrnagach, bho Lughdan san taobh tuath gu Loch an Dùn san taobh a-deas, agus tha 97% den sgìre seo dùthchail. Mar thoradh air eas-thionnsgalachadh an eaconomaidh ionadail tha lughdachadh air a thighinn ann an àireamh an t-sluaigh aig ìre 6% bho 1981.

'Sa chumantas, is e daoine Geal Albannach a th'ann an luchd-còmhnaidh Siorrachd Inbhir Àir an Ear aig ìre 94.22% agus Geal Breatannach aig ìre 3.94%. Is e Cille Mheàrnaig am prìomh sgìre bailteil a th' ann an Siorrachd Inbhir Àir an Ear le sluagh mu thimcheall air 44,000. Tha an còrr den t-sluaigh a' fuireach ann an coimhearsnachdan nas lugha bho beagan cheudan gu thimcheall air 9,000 neach ann an Cumnag (Stòr: Cunntas-sluaigh 2011).

Tha tionnsgaidhean sluaigh a' nochdadh gu bheil dùil gun cum an àireamh sluaigh faisg air an aon ìre eadar seo agus 2020 agus 2033, ged a bhios gluasadan sluaigh ag atharrachadh riarachas an t-sluaigh le bhith a' lughdachadh an àireamh chloinne (-8%) agus aois obrach (-16%) agus ag àrdachadh luchd aois a' pheinnsean gu ìre 45%. Mar sin thathar an dùil gun àrdaich ìre eisimeil an t-sluaigh bho 57% ann an 2010 gu 82% ro 2033.

Airson gach taisbeanair co-cheangailte ris an eaconomaidh, tha Siorrachd Inbhir Àir an Ear gu mòr nas miosa na Alba air fad. Tha e air a chlàradh gu bheil an ìre aig a bheilear a' tagradh airson tabhartas cion-obrach ann an Siorrachd Inbhir Àir an Ear aig 6.1% sa Ghearran 2013 (Stòr: Nomis, 2013).

Cruthachadh agus Gnìomh Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear

Bha Cille Mheàrnag agus Lughdan (agus Cumnag agus Srath Dhùin mar 2 de 19 chomhairlean sgìre ùghdarras ionadail a bha ann an sgìre Comhairle Roinneil Shrathchluaidh eadar 1975 is 1996.

Chaidh cuir às do gach cuid comhairle sgìreil agus Comhairle Roinneil Shrathchluaidh ann an 1996 le Achd Riaghaltas Ionadail (Alba) msaa 1994 agus chaidh an cuir còmhla gus Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear a chruthachadh a thàinig gu buil air 1 Giblean 1996.

Tha timcheall air 6,300 neach-obrach aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear a' libhrigeadh 27,000 seirbheis eadar-dhealaichte don luchd-còmhnaidh againn. Tha prìomh oifisean na Comhairle stèidhichte air Rathad Lunnainn, Cille Mhèarnaig. Is e buidheann a th' innte a tha a' coileanadh aig àrd-ìre agus tha seo air leth soilleir tro nam pròiseasan Luach as Fheàrr agus fèin-mheasaidh taobh a-staigh agus tro dhearbhadhnan thaobh a-muigh bho bhuidhnean leithid Buidheann Sgrùdaidh na h-Alba. Tha buidseit teachd-a-steach de £342.9 millean aig a' Chomhairle airson 2012/13.

Thathar a' toirt aithne leantainneach don Phlana Coimhearsnachd mar a' phrìomh phàipear dealbhadh airson sgìre Siorrachd Inbhir Àir an Ear, a' toirt seachad frèam-obrach poileasaidh ro-innleachdail farsaing airson a bhith libhrigeadh sheirbheisean na Comhairle agus a buidhnean Com-pàirteachaidh. A bharrachd air an sin, tha am Plana Coimhearsnachd mar Phlana Corporra na Comhairle.

Tha **ar sealladh** air a shocrachadh gu h-ìseal:

'Bidh Siorrachd Inbhir Àir an Ear na àite far am bi coimhearsnachdan làidir, beothail far am bi càileachd beatha aig a h-uile neach a' faighinn cothroman, roghainnean agus seirbheisean àrd-chàileachd a tha seasmach, ruigsinneach agus a' coinneachadh ri feumalachdan dhaoine.'

Tha a' Chomhairle air a roinneadh le naoi roinnean-taghadh ioma-bhall le aon chuid 3 no 4 Chomhairlichean a' riochdachadh gach roinn-taghadh. Gu h-iomlan tha 32 Chomhairlichean ann. Mar thoradh air na taghadhean ann an 2012 is e co-bhanntachd de Phàrtaidh Nàiseanta na h-Alba/Tòraidheach is Aonaidh na h-Alba a tha ann an ùghdarras.

Tha structar co-dhùnaidh na Comhairle stèidhichte air modal Caibineit le Comataidh Riaghlaidh is Sgrùdaidh. Is e an Caibineit, le Stiùiriche na Comhairle sa chathair, a tha a' gabhail uallach airson co-dhùnaidhean riaghlaidh iomlan an ùghdarras. Tha comataidh Riaghlaidh is Sgrùdaidh a' toirt dùbhlann don Chaibineit agus a' toirt seachad sgrùdadh fosgailte is dòigheil air co-dhùnaidhean agus bidh iad a' toirt dùbhlann cunbhalach do choileanaidhean. Tha grunn chomataidhean eile ann cuideachd, nam measg comataidhean dealbhaidh is tabhartais agus panal tagraidh.

A' toirt taic do dh' Àrd-oifigear Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear tha Leas Àrd-oifigear a tha cuideachd na stiùiriche seirbheis. Còmhla ri dà Stiùiriche Seirbheis eile, tha iad nan Sgioba Riaghlaidh Corporra na Comhairle, a tha cuideachd a' toirt a-steach Neach-lagha na Comhairle agus Prìomh Oifigear na h-Obrach Shòisealta.

Roinn Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta

Tha an roinn a' toirt an dà dhleastanas shingilte as motha a tha air a' Chomhairle còmhla – Foghlam, a' toirt a-steach Seirbheis Taic do Choimhearsnachdan Beothail, agus Obair Shòisealta an cois seirbheisean iomlan glanaidh, solarachd, dorsaireachd agus oifigearan sàbhailteachd-sràide

Roinn Seirbheisean Nàbachd

Tha Seirbheisean Nàbachd a' libhrigeadh raon de sheirbheisean poblach taobh a-staigh Siorrachd Inbhir Àir an Ear. Nam measg tha Seirbheisean Taigheadais, Rathaidean agus Còmhdhail agus Dealbhadh is Leasachadh Eaconamach.

Roinn an Ionmhais is Taic Chorporra

Tha an roinn a' solarachadh grunn sheirbheisean don phoball, a bharrachd air raon de sheirbheisean taic proifeasanta don Chomhairle. Tha seirbheisean air an libhrigeadh le luchd-obrach Seirbheisean Deamocratach. Seirbheis Ionmhais, Goireasan Daonna, Fo-structar Corporra is Laghail, Seirbheis Ceannach is Riaghlaidh.

A' GHÀIDHLIG ANN AN SIORRACHD INBHIR ÀIR AN EAR

A' dol leis an t-suidheachaidh mar Ùghdarras ghalldachd ann am meadhan na h-Alba, tha a chuid as lugha de dh' eòlas is tuigse air a' Ghàidhlig ann an Alba aig sluagh Shiorrachd Inbhir Àir an Ear aig ìre 0.81% mar a chaidh innse ann an Cunntas-sluaigh 2011.

Am measg an t-sluaigh gu h-iomlan ann an Siorrachd Inbhir Àir an Ear, chlàr Cunntas-sluaigh 2011 mar a leanas:


- tha 295 a' tuigsinn Gàidhlig labhairteach ach chan urrainn dhaibh Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh
- is urrainn do 321 Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh
- is urrainn do 227 Gàidhlig a bhruidhinn ach chan urrainn dhaibh a leughadh no a sgrìobhadh

- is urrainn do 28 Gàidhlig a bhruidhinn agus a leughadh ach chan urrainn dhaibh a sgrìobhadh
- is urrainn do 59 Gàidhlig a leughadh ach chan urrainn dhaibh a bruidhinn no a sgrìobhadh
- tha measgachadh eile de sgilean aig 31 anns a' Ghàidhlig
- chan eil eòlas idir aig 117,699 air a' Ghàidhlig.

is urrainn do 961 neach-còmhnaidh ann an Siorrachd Inbhir Àir an Ear a' Ghàidhlig a thuigsinn, a leughadh no a sgrìobhadh. Dhan 961 luchd-còmhnaidh sin, bidh 161 a' cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh. Tha e comasach dhuinn dèanamh a-mach càite a bheil 861 neach-còmhnaidh a' fuireach mar a thathar a' mìneachadh air a' mhapa a tha an cois seo.

East Ayrshire

An àireamh de Luchd-còmhnaidh is urrainn a` Ghàidhlig a thuigsinn, a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh a rèir Àite-fuirich.



Solar ionnsachadh na Gàidhlig ann an Siorrachd Inbhir Àir an Ear

Mar aon de chànain dùthchasach na h-Alba, tha àite shònraichte aig a' Ghàidhlig ann am beatha is cultar na dùthcha. Is i cànan a th' innte a tha air ath-bheòthachadh agus air aithne fhaighinn taobh a-staigh Prìomhachasan Nàiseanta na h-Alba ann am Foghlam agus tro bhith a' stèidheachadh Bòrd na Gàidhlig.

A thaobh cur air adhart is leasachadh na Gàidhlig taobh a-staigh Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear, tha am prìomh fòcas àir a bhith air Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig (FTMG) agus Foghlam Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh (FGLI).

Ionnsachadh san Sgoil

Aig an àm seo tha solar FTMG agus FGLI a' toirt a-steach:

- Aonad Ghàidhlig ann am Bun-sgoil Onthank, Cille Mheàrnaig le Clas Sgoil-àraich a tha 17 leanabh a' frithealadh agus na Clasaichean Gàidhlig Bun-sgoile a tha 29 sgoilear a' frithealadh.
- Prògram Gàidhlig sna Bun-sgoiltean (GBS) ann an cuid de sgoiltean com-pàirteachais ionnsachaidh Acadamaidh Grange (Cille Mheàrnaig), far an robh gnìomhachd ann an 2011/12 air a libhrigeadh le deuchainniche Gàidhlig a bha stèidhichte aig Acadamaidh Grange. Fhuaras maoin air leth tro Ionmhas Coileanaidh Achd na Gàidhlig (ICAG) agus chaidh neach-teagaisg a chuir an dreuchd gus GBS a libhrigeadh ann an seisean 2012/13.
- Leasan an ann an Gàidhlig fhileanta aig Acadamaidh Grange a tha 9 sgoilear a' frithealadh, agus cuid de chlasaichean còmhla ri luchd-taic ann am Foghlam Pearsanta is Sòisealta agus Foghlam Creideimh cuideachd ga thoirt seachad anns a' Ghàidhlig.
- Gàidhlig dha Luchd-ionnsachaidh mar roghainn cànan aig Acadamaidh Grange air a fhrithealadh le 13 sgoilear ann an AS1 agus 1 sgoilear ann an AS5 (ri libhrigeadh ann an seisean 2012/13).
- Prìomh Neach-teagaisg sealach airson Sgrùdaidhean Albannach/Sgrùdadh Alba aig Acadamaidh Grange. Tha 69 sgoilear air roghnachadh sgrùdadh a dhèanamh air Sgrùdaidhean Albannach/Sgrùdadh Alba agus gheibh iad ro-ràdh gu aithne air Gàidhlig, cànan, cultar is dualchas.

Cha tàinig fàs sònraichte sam bith air àireamh nan sgoilearan a tha a' frithealadh an Aonaid Ghàidhlig aig Bun-sgoil Onthank sna còig bliadhna a dh' fhalbh gus taic a thoirt do sholar Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FTMG). Tha e na dhuilgheadas gu bheil gainead luchd-teagaisg le teisteanasan iomchaidh fhathast a' leantainn agus dh' fhaodadh gur ann nas miosa a bhios seo mar thoradh air Sgoil Ghàidhlig ùr gu bhith a' fosgladh air taobh a-deas Ghlaschu.

Tha cuid de sgoilearan ann an Siorrachd Inbhir Àir an Ear a' rognachadh Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu a fhrithealadh, a tha a' tabhann roghainn nas fharsaingde de chuspairean suas gu ìrean teisteanais tro mheadhan na Gàidhlig.

A' gluasad air adhart bu mhath leinn solar foghlaim sgoile eile a chruthachadh a' toirt ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig còmhla air aon làraich. Le bhith a' dealbhadh 3-18 leantainneach de churraicealaim na Gàidhlig, bheireadh seo adhartas air adhart ann an ' ìrean leantainn' le taic do sholar na seirbheis Ghàidhlig.

Tha am moladh seo air taic ionmhais fhaighinn bho Riaghaltas na h-Alba agus taic iomlan bhon Bhòrd agus is e co-chomhairleachaidh laghail an ath cheum.

Ionnsachadh sa Choimhearsnachd

Tha solar Gàidhlig ann an suidheachadh ionnsachaidh coimhearsnachd aig an àm seo a' toirt a-steach:

- 8 clasaichean Gàidhlig ann an 2012, le ìrean com-pàirt eadar 5 is 12 gach clas, le 62 neach-ionnsachaidh Gàidhlig gu h-iomlan.
- Clasaichean cànan air an lìbhrigeadh a rèir nan Targaidean Cànan Nàiseanta a chaidh an leasachadh le Buidheann Lèirmheas Ionnsachaidh is Leasachaidh Coimhearsnachd airson na Gàidhlig.
- Bidh oidean Gàidhlig a' faighinn trèanadh air na Targaidean Cànan Nàiseanta agus air am frèam-obrach measaidh.
- Thèid Latha Conaltraidh Gàidhlig far am bithear a' toirt seachad doimhneachd teagaisg Gàidhlig a chumail uair sa bhliadhna anns a' Mhàrt. Anns a' Mhàrt 2012 bha 51 neach-ionnsachaidh an làthair.
- Fòram Gàidhlig Siorrachd Àir An Ear stèidhichte le taic bho Sheirbheis na Comhairle a' toirt Taic do Choimhearsnachdan Beòthail.

A' Ghàidhlig sa Choimhearsnachd

Chaidh **Fòram Gàidhlig Siorrachd Àir An Ear** a stèidheachadh ann an 2009. Is e buidheann stèidhichte a tha an seo le ballrachd de 61, a' mhòr-chuid dhiubh nan luchd-ionnsachaidh a tha ag amas air a' Ghàidhlig a chumail beò agus a cleachdadh a bhrosnachadh ann am beatha làitheil tro litreachas, ceòl, dràma agus na h-ealain.

San àm a dh' fhalbh fhuair i taic ionmhais bho Bhòrd na Gàidhlig agus bho Chomhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear agus leig seo leis a' bhuidheann cothroman a thabhann do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus le buill an Fhòraim pàirt a ghabhail ann an Suipear bhliadhnail 'Ghàidhlig' Burns; Latha Conaltraidh Gàidhlig bhliadhnail airson luchd-ionnsachaidh sa choimhearsnachd agus bho sgìrean eile; clasaichean a chumail airson luchd-labhairt Gàidhlig adhartach gus tuilleadh fileantais fhaighinn sa chànan; agus gus oidhcheanan ciùil agus tursan gu tachartasan eile a chuir air dòigh. Bidh am Fòram cuideachd a' foillseachadh cuairt-

litir *Dè Tha Dol*, a thèid ùrachadh gu tric agus a chuir a-mach gus fiosrachadh a chumail ris a h-uile neach a thaobh tachartasan agus leasachaidhean ri thighinn.

Tha am Fòram air fìor bhuidh a thoirt air glèidheadh a bhith a'cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Siorrachd Inbhir Àir an Ear agus tha sin a' leantainn.

Thòisich **Fèis Leabhair Seula** aig Leabharlannan Siorrachd Inbhir Àir an Ear, fèis a'comharrachadh litreachas air fad, an toiseach ann an 2007, agus le taic bho Bhòrd na Gàidhlig air feadh na trì bliadhna a dh' fhalbh, tha i a' toirt a-steach fòcas air a' Ghàidhlig. Bithear a' cumail tachartas feasgair dha luchd-labhairt na Gàidhlig agus luchd-ionnsachaidh, agus bidh ùghdairean aig a bheil Gàidhlig air aoigheachd aig clasaichean ann am Bun-sgoil Onthank agus Acadamaidh Grange.

Ann an 2012, chaidh farpais sgrìobhaidh Gàidhlig a chumail an cois nan Duaisean Sgrìobhaidh Seula. Fhuair beagan fhreagairtean fa chomhair na farpais oir, ged a tha luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an Siorrachd Inbhir Àir an Ear, is e glè bheag de luchd-labhairt na Gàidhlig aig a bheil misneachd gus sgrìobhadh sa Ghàidhlig. Chumar bùth-leabhraichean, air a ruith le Comhairle nan Leabhraichean, cuideachd mar phàirt den oidhche Gàidhlig Seula.

Chumar cuideachd aithris bheò de dh' òrain is rannan Ghàidhlig leis an t-seinneadair/sgrìobhadair An t-Ollamh Anna Latharna Nic Ill Ìosa. Bha an tachartas iomchaidh dha gach cuid luchd-labhairt na Gàidhlig agus iadsan aig nach robh Gàidhlig agus Anna a' cuir an cèill òrain bhon leabhar duaiseil aice *Songs of Gaelic Scotland*, ag innse nan sgeulachdan a bh' air cùl nan òrain agus a' mìneachadh an àite a bh'aca ann an eachdraidh.

A' Ghàidhlig sa Chomhairle

A measg nan obraichean Comhairle far a bheil cleachdadh na Gàidhlig na dhleastanas ainmichte no na riatanas miannaichte, tha

- Luchd-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig ann an Clas Foghlaim tron Ghàidhlig aig Clas Sgoil-àraich Onthank (1), Bun-sgoil Onthank (3) agus Acadamaidh Grange (2).
- 1 Oide Gàidhlig fastichte le Seirbheis Taic do Choimhearsnachdan Beothail airson 10 uair san t-seachdain agus 4 Oidean Gàidhlig seiseanail.
- Oidean Fòraim Ghàidhlig Shiorrachd Inbhir Àir an Ear airson Làithean Conaltraidh ràitheil (3).

Tha an Iris Lèirmheas Plana Coimhearsnachd 2010/11 as ùire ri fhaighinn sa Ghàidhlig le bith ga luchdachadh sìos bhon làrach-lìn Dealbhadh Coimhearsnachd. Tha am Plana Coimhearsnachd mar Phlana Corporra na Comhairle.

Cha bhith a' Chomhairle gu cunbhalach ag eadar-theangachadh phàipearan agus bhileagan gu cànanan eile. Ach, faodar pàipearan an eadar-theangachadh gu cànan sam bith, Gàidhlig nam measg, ma tha iarratas ann.

Thathar an dùil sealladh cànanach a dhèanamh air an ùghdarras gus ar cuideachadh le bhith a' faighinn a-mach dè cho comasach sa tha an luchd-obrach air

seirbheisean a libhrigeadh don phoball agus gus ar cuideachadh le bhith a' coileanadh a' Phlana Gàidhlig.

A' Ghàidhlig agus Prìomh Chom-pàirtichean

Tha a' Chomhairle ag aithneachadh gu feum iad a bhith ag obair le prìomh chom-pàirteachasan ma tha iad gu bhith dha-rìribh a'dèanamh adhartais a thaobh maith na Gàidhlig. Mar eisimpleir, bith pàtran solar na Gàidhlig ag atharrachadh taobh a-staigh sgìre Inbhir Àir an Ear agus tha cothrom ann ceanglaichean a leasachadh le ùghdarrasan rin taobh, leithid Glaschu, gus adhartas fhaighinn air na cothroman a th' ann do dhaoine òga. Dh' fhaodadh gum bi na ceanglaichean sin a' fàs gu bhith air leth cudromach, ma bhios, mar eisimpleir, duilgheadasan a' leantainn le gainnead luchd-teagaisg is luchd-obrach le teisteanas agus trèanadh iomchaidh.

Bi e cuideachd cudromach dhan Chomhairle gun cum iad orra a'leantainn le obair com-pàirteachaidh sna roinnean foghlaim àrd-ìre agus foghlaim adhartach gus an cumar leantainn air solar agus brath a chumail air eòlas a chaidh a leasachadh taobh a-staigh na Comhairle agus ann an àiteachan eile.

Caibideil 2 – Geallaidhean Bunaiteach

Anns an stiùireadh reachdail aige mu Ullachadh Phlanaichean Gàidhlig, tha Bòrd na Gàidhlig ag ràdh gu bheil a bhith a' cruthachadh an t-suidheachaidh as fheàrr gus Gàidhlig a chleachdadh san t-saoghal phoblach air aon de na mìrean as bunaitiche de dh' ùrachadh-cànain. Tha am Bòrd air ceithir prìomh raointean de libhrigeadh sheirbheisean a chomharrachadh a tha iad ag iarraidh gun cuir buidhnean poblach rompa nuair a tha iad ag ullachadh Planaichean Gàidhlig:-

Ìomhaigh	Conaltradh	Foillseachaidhean	Luchd-obrach
aithne chorporra sanasan	fàilteachas fòn post agus post-dealain bileagan coinneamhan poblach modhan gearain	dàimh phoblach agus na meadhanan stuth air a chlò-bhualadh làraich-lìn taisbeanaidhean	trèanadh ionnsachadh-cànain fastadh sanasachd

Tha an roinn seo den phlana a' toirt cunntas air prìomh gheallaidhean Comhairle Siorrachd Inbhir Àir an Ear. Tha gach gealltanas ga thoirt mar a leanas:

- Cleachdadh an-dràsta
- Prìomh raointean leasachaidh/gnìomhachd
- Roinn Stiùiridh
- Ùine

Earrann 1 – Luchd-obrach

Feallsanachd:

Gus seirbheisean a thoirt seachad tro mheadhan na Gàidhlig, feumar eòlas-obrach agus eòlas-cànain an luchd-obrach a leasachadh. Ann a bhith a' toirt ionnsachadh-cànain don luchd-obrach, bithear a' cuideachadh gus ionnsachadh na Gàidhlig am measg inbhich a chur air adhart agus a' Ghàidhlig fhèin a chur air adhart mar sgil feumail san àite-obrach. Cuidichidh comharrachadh obraichean far a bheil a' Ghàidhlig na sgil fa leth gu mòr ri inbhe a' chànain agus gus a comharrachadh mar sgil feumail.

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear mothachail air cho cudromach is a tha a' Ghàidhlig a mheas mar sgil cudromach a thaobh a bhith ag obair agus suidheachaidhean a shònrachadh far a bheil a bhith ga cleachdadh riatanach no feumail. Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear mothachail cuideachd air cho cudromach is a tha e a dhèanamh comasach don luchd-obrach cur ris a' Ghàidhlig aca mas e sin am miann.

Raon-obrach Leasachaidh	Gnìomhan	Stiùir	Ùine
Trèanadh:			
Cleachdadh an-dràsta	Chan eil Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear a' toirt seachad trèanadh ann an sgilean Gàidhlig don luchd-obrach an-dràsta.		
Prìomh raointean leasachaidh	Taic a thoirt do luchd-teagaisg na Gàidhlig a bhith a' frithealadh thachartasan CPD co-cheangailte ri cuspairean.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	Leantainn
	Cuir air adhart CPD dha luchd-teagaisg gus cothrom a thoirt dhaibh ath-thrèanadh a dhèanamh gu bhith nan luchd-teagaisg Gàidhlig.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	Leantainn
	Thoir fiosrachadh seachad dha luchd-teagaisg a thaobh cothroman air a' Ghàidhlig ionnsachadh mar cheum a dh' ionnsaigh libhrigeadh an cuid cuspair tro Mheadhan na Gàidhlig.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	Leantainn

Raon-obrach Leasachaidh	Gnìomhan	Stiùir	Ùine
	Thoir roghainn CPD dha luchd-teagaisg gus taic a thoirt do chleachdaidh còmhraidh sa Ghàidhlig.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	Leantainn
	A' sanasachd chothroman ionnsachaidh Gàidhlig agus mar a tha bathar bog ri fhaighinn ann an efaclan na Gàidhlig.	Ionmhas is Taic Chorporra	Leantainn
Ionnsachadh-cànain:			
Cleachdadh an-dràsta	Chan eil ullachadh aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear airson cothroman ionnsachaidh na Gàidhlig a thabhann don luchd-obrach agus cha do rinn iad sgrùdadh air suidheachadh cànain an luchd-obrach.		
Prìomh raointean leasachaidh	Cuir air adhart sgrùdadh air suidheachadh cànain gus fiosrachadh fhaighinn air: <ul style="list-style-type: none"> • an àireamh de luchd-obrach as urrainn a' Ghàidhlig a bhruidhinn, a leughadh, a sgrìobhadh no a thuigsinn, agus an ìre de sgilean Gàidhlig a tha aca; • am b' urrainn dhaibh na sgilean Gàidhlig aca a chleachdadh san raon-obrach airson seirbheisean eadar-theangachaidh, libhrigeadh seirbheisean dà-chànanach no Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig; agus • an e luchd-ionnsachaidh Gàidhlig a tha annta no a bheil ùidh aca a' Ghàidhlig ionnsachadh. 	Goireasan Daonna	2014/15
Fastadh:			
Cleachdadh an-dràsta	Far a bheil comas bruidhinn, leughadh no sgrìobhadh na Gàidhlig na riatanas-obrach, comas an tagraiche a thaobh cànain a chur ris an àireamh.		
Prìomh raointean leasachaidh	Far a bheil comas bruidhinn, leughaidh no sgrìobhaidh na Gàidhlig na riatanas-obrach, gum bi sanasan-obrach dà-chànanach.	Seirbheisean Foghlaim Sòisealta/Goireasan Daonna	is Leantainn

Earrann 2 - Ìomhaigh

Feallsanachd:

Bidh a' Ghàidhlig ann an ìomhaigh chorporra agus sanasan ùghdarras poblach a' cur gu mòr ri ìomhaigh a' chànain, ri a h-inbhe agus a' dèanamh aithris gu math cudromach air an luach a thathar a' cur air a' Ghàidhlig is air an urram a thathar a' toirt dhith. Cuideachd, faodaidh leasachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasan cur ri saidhbhreas cainnt luchd-cleachdaidh na Gàidhlig, ri aire an t-sluaigh air a' chànain agus cuideachadh gus a leasachadh.

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear mothachail air cho cudromach is a tha e cur ri follaiseachd is inbhe na Gàidhlig.

Raon-obrach Leasachaidh	Gnìomhan	Stiùir	Ùine
Aithne chorporra:			
Cleachdadh an-dràsta	Chan eil poileasaidh aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear a thaobh cleachdadh na Gàidhlig anns an ìomhaigh chorporra aice.		
Prìomh raointean leasachaidh	Leasaich poileasaidh mu chleachdadh na Gàidhlig ann an ìomhaigh chorporra na Comhairle Socraichidh am poileasaidh gealladh gun tèid eadar-theangachadh Gàidhlig a thoirt a-steach do phrìomh shuaicheantas na Comhairle, le co-ionannachd spèis don Ghàidhlig is don Bheurla, agus thèid seo a chuir fa chomhair a' Chaibineit airson beachdachaidh aig àm sanasachd as ùr san àm ri teachd.	Ionmhas is Taic Chorporra	2014/15 2013/14 agus a' leantainn

Raon-obrach Leasachaidh	Gnìomhan	Stiùir	Ùine
	Beachdaich air a' Ghàidhlig a thoirt a-steach do phàipearachd nuair a bhithear gan ath-chlò-bhualadh, le co-ionannachd spèis don Ghàidhlig is don Bheurla, mar phàirt de leasachadh poileasaidh air cleachdadh na Gàidhlig ann an aithne chorporra a thèid a chuir fa chomhair a' Chaibineit airson beachdachaidh aig àm ath-bhranndaidh san àm ri teachd.	Ionmhas is Taic Chorporra	2014/15 2013/14 agus a' leantainn
	Beachdaich air òran Gàidhlig a thoirt a-steach no a chleachdadh mar cheòl 'feitheamh freagairt'.	Ionmhas is Taic Chorporra	2014/15
	Beachdaich air soidhnichean carbaid dà-chànanach a thoirt a-steach, nuair a bhios iad ùr no gan ùrachadh, a' toirt co-ionannachd spèis don Ghàidhlig is don Bheurla, mar phàirt de bhith a' leasachadh poileasaidh air cleachdadh na Gàidhlig ann an aithne chorporra a bheirear fa chomhair a' Chaibineit airson beachdachaidh aig àm ath-bhranndaidh san àm ri teachd.	Ionmhas is Taic Chorporra/Seirbheisean Nàbacht	2014/15 2013/14 agus a' leantainn
	Cleachd tiotalan dà-chànanach airson fèisean Gàidhlig agus iomairtean a tha a' Chomhairle a' stiùireadh no a' maoinachadh, a' toirt co-ionannachd spèis don Ghàidhlig is don Bheurla.	Mar a bhios iomchaidh	2014/15 agus a' leantainn
Soidhnichean (a-staigh agus a-muigh)			
Cleachdadh an-dràsta	Chan eil poileasaidh aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear a thaobh cleachdadh na Gàidhlig anns na soidhnichean aice.		

Raon-obrach Leasachaidh	Gnìomhan	Stiùir	Ùine
Prìomh raointean leasachaidh	Beachdaich air soidhnichean inntigidh dà-chànanach a thoirt a-steach, nuair a bhios iad ùr no gan ùrachadh, a' toirt co-ionannachd spèis don Ghàidhlig is don Bheurla, mar phàirt de bhith a' leasachadh poileasaidh air cleachdadh na Gàidhlig ann an aithne chorporra a bheirear fa chomhair a' Chaibineit airson beachdachaidh aig àm ath-bhrannaidh san àm ri teachd.	Ionmhas is Taic Chorporra/Seirbheisean Nàbachd	2014/15 agus a' leantainn
	Beachdaich air soidhnichean inntigidh dà-chànanach a thoirt a-steach, nuair a bhios iad ùr no gan ùrachadh, a' toirt co-ionannachd spèis don Ghàidhlig is don Bheurla, mar phàirt de bhith a' leasachadh poileasaidh air cleachdadh na Gàidhlig ann an aithne chorporra a bheirear fa chomhair a' Chaibineit airson beachdachaidh aig àm ath-bhrannaidh san àm ri teachd.	Ionmhas is Taic Chorporra/Seirbheisean Nàbachd	2014/15 agus a' leantainn
	Thoir Gàidhlig a-steach air soidhnichean crìche Chomhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear nuair a bhithear a' ceannach shoidhnichean ùra, le co-ionannachd spèis don Ghàidhlig is don Bheurla.	Seirbheisean Nàbachd	2014/15 agus a' leantainn
	Thoir a-steach soidhnichean taobh a-staigh is taobh a-muigh dà-chànanach ann agus mun cuairt thogalaichean far am bithear a'cleachdadh na Gàidhlig, le co-ionannachd spèis don Ghàidhlig is don Bheurla.	Seirbheisean Nàbachd/Ionmhas is Taic Chorporra	2013/14 agus a' leantainn

Earrann 3 - Conaltradh

Feallsanachd:

Tha cleachdadh na Gàidhlig aig a' chiad ìre aig am bi ceangal aig a' phoball ri ùghdarras poblach a' cur ri na h-uimhir den chànan a tha ri fhaicinn is ri chluinntinn agus bidh e a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach agus airidh air fàilte. A bharrachd air a bhith a' cur ri inbhe a' chànan, bidh e cuideachd a' cruthachadh chothroman gus a cleachdadh agus a' brosnachadh dhaoine gus Gàidhlig a chleachdadh nuair a thathar a' gabhail gnothach ris an ùghdarras poblach an dèidh sin.

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear mothachail air cho cudromach agus a tha e cothroman a chruthachadh gus a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig gu practaigeach ann an raon farsaing de shuidheachaidhean làitheil agus tha rùn aice cur ris an ìre de dh'ullachadh anns an raon seo. A' tòiseachadh bho bhonn glè ìseal, bidh sinn ag obair mean air mhean ag àrdachadh an ìre solar againn san raon seo.

Raon-obrach Leasachaidh	Gnìomhan	Stiùir	Ùine
Fàilteachas:			
Cleachdadh an-dràsta	Chan eil Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear a' dèanamh ullachaidh sam bith airson na Gàidhlig ann an àrainnean-fàilteachaidh.		
Prìomh raointean leasachaidh	Thoir a-steach trèanadh air mothachadh na Gàidhlig dha luchd-obrach fàilteachaidh ann am prìomh thogalaichean na Comhairle, gu sònraichte sgoiltean far a bheileas a' teagasg Gàidhlig.	Ionmhas is Taic Chorporra	2014/15
	Fo Ghealladh Seirbheis Custamair air-Thoiseach na Comhairle lean air adhart le bhith a' dèanamh cinnteach far a bheil feum air eadar-mhìneachadh Gàidhlig agus/no eadar-theangachadh, gun tèid seo a thoirt seachad. Bidh seo a' sìneadh a-mach gu seirbheisean fàilteachaidh, air a' fòn, ann am foirmean agus aig coinneamhan poblach.	Ionmhas is Taic Chorporra	2013/14 agus a' leantainn
Post agus post-dealain:			
Cleachdadh an-dràsta	Chan eil poileasaidh aontaichte aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear a thaobh a bhith a' freagairt litrichean no puist-d sa Ghàidhlig.		

Raon-obrach Leasachaidh	Gnìomhan	Stiùir	Ùine
Prìomh raointean leasachaidh	<p>Àrdaich cleachdadh thiotalan obraich dà-chànanach agus ainmean-sgrìobhte puist-d dha luchd-obrach aig a bheil uallach airson na Gàidhlig agus dha luchd-obrach ann an seirbheisean aghaidh a' toirt taic do fhoghlaim Gàidhlig. Bu chòir tiotalan obrach dà-chànanach a thoirt seachad le iarratas dhan h-uile neach-obrach eile.</p>	<p>Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta</p>	<p>2014/15 agus a' leantainn</p>
	<p>Fo Ghealladh Seirbheis Custamair air-Thoiseach na Comhairle lean air adhart le bhith a' dèanamh cinnteach far a bheil feum air eadar-theangachadh Gàidhlig gun tèid seo a thoirt seachad. Feumar litrichean agus puist-d sa Ghàidhlig a bhith air an eadar-theangachadh, agus gluaisidh sinn a dh' ionnsaigh dèanamh cinnteach gun tèid freagairtean do litrichean agus do phuist-dealain sa Ghàidhlig a làimhseachadh chun an aon ìre ùine sa thèid freagairtean tro mheadhan na Beurla.</p>	<p>Mar a bhios iomchaidh</p>	<p>2013/14 agus a' leantainn</p>
Bileagan:			
Cleachdadh an-dràsta	<p>Chan eil poileasaidh aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear a thaobh cleachdadh na Gàidhlig anns na bileagan aice.</p>		
Prìomh raointean leasachaidh	<p>Bu chòir athisgean gu pàrantan/luchd-cùraim na cloinne a tha ann am FTMG a bhith dà-chànanach.</p>	<p>Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta</p>	<p>2013/14</p>
	<p>Far a bheil feum, thoir a-steach cleachdadh na Gàidhlig air foirmean agus cuir fàilte air a bhith gan lìonadh a-steach sa Ghàidhlig.</p>	<p>Mar a bhios iomchaidh</p>	<p>2013/14 agus a' leantainn</p>
Coinneamhan poblach:			
Cleachdadh an-	<p>Chan eil poileasaidh gus Gàidhlig a thoirt a-steach ann an coinneamhan poblach aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir</p>		

Raon-obrach Leasachaidh	Gnìomhan	Stiùir	Ùine
dràsta	an Ear.		
Prìomh raointean leasachaidh	Àrdaich gu gnìomhach cleachdadh na Gàidhlig aig coinneamhan far a bheil fèill reusanta bho luchd-labhairt na Gàidhlig agus gu bheil an cuspair ceangailte gu mòr ris a' Ghàidhlig.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	2013/14 agus a' leantainn
Gearanan:			
Cleachdadh an-dràsta	Chan eil poileasaidh gus Gàidhlig a thoirt a-steach ann an modhan-obrach gearain aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear.		
Prìomh raointean leasachaidh	Taobh a-staigh modh-obrach gearain corporra gabh ri muinntir na coimhearsnachd a tha airson gearain/beachdan a chuir an cèill anns a' Ghàidhlig a thaobh seirbheisean iomlan na Comhairle.	Ionmhas is Taic Chorporra	2013/14 agus a' leantainn

Earrann 4 – Foillseachaidhean

Feallsanachd:

Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann an raon de stuth ann an clò cuideachadh ri leasachadh na Gàidhlig ann an caochladh dhòighean. Bidh e a' cuideachadh a' cur ri follaiseachd a' chànain, a' cur ri inbhe na Gàidhlig le bhith air a faicinn a bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean cudromach agus cuidichidh e gus briathrachas ùr a chruthachadh agus briathrachas gnàthaichte a leasachadh. Tha an ìre de Ghàidhlig anns na meadhanan a' cuideachadh gu bhith a' sealltainn an rùin aig ùghdarras poblach fiosrachadh cudromach a thoirt seachad tro mheadhan na Gàidhlig, a bharrachd air a bhith a' cur ri follaiseachd is inbhe a' chànain. A rèir mar a gheibh barrachd dhaoine cothrom air fiosrachadh mu ùghdarrasan poblach tro na làraich-lìn aca, faodar a bhith a' dèanamh ullachaidh mu chleachdadh na Gàidhlig cur gu mòr ri inbhe is follaiseachd a' chànain.

Tha rùn aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear cur ri cleachdadh na Gàidhlig sna raointean far a bheil an cuspair a' glacadh ùidh a' phobaill anns an fharsaingeachd no a bheil far a bheil e a' bualadh air nithean a tha ceangailte gu sònraichte ris a' Ghàidhlig fhèin.

Raon-obrach Leasachaidh	Gnìomhan	Stiùir	Ùine
Dàimh Phoblach agus na Meadhanan:			
Cleachdadh an-dràsta	Chan eil poileasaidh aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear airson a bhith a' cur a-mach brathan-naidheachd sa Ghàidhlig.		
Prìomh raointean leasachaidh	Foillsich gu poblach soirbheachasan co-cheangailte ri Gàidhlig, gu sònraichte ann am foghlaim is cultair.	Ionmhas is Taic Chorporra/Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	Leantainn
	Mar a cheadaicheas ùine is giorrachadh ionmhais, foillsich brathan-naidheachd gu dà-chànanach nuair a bhios am brath-naidheachd a' buntainn gu sònraichte ri cànan/cultar na Gàidhlig.	Ionmhas is Taic Chorporra	2014/15 agus a' leantainn
Stuth Clò-bhuailte:			
Cleachdadh an-dràsta	Chan eil poileasaidh aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear airson a bhith a' foillseachadh stuthan clò-bhuailte sa Ghàidhlig. Tha an Iris Lèirmheas Plana Coimhearsnachd 2010/11 ri fhaighinn sa Ghàidhlig air làrach-lìn Dealbhadh Coimhearsnachd.		
Prìomh raointean leasachaidh	Lean air adhart ag eadar-theangachadh a' Phlana Coimhearsnachd/Iris Lèirmheas Plana Coimhearsnachd (Plana Corporra na Comhairle) don Ghàidhlig gus am bi e ri fhaighinn air an làrach-lìn Dealbhadh Coimhearsnachd.	Ionmhas is Taic Chorporra	2015/16
	Dèan eadar-theangachadh gu Gàidhlig air pàipearan a rèir iarratais, far a bheil sin reusanta, ma cheadaicheas giorrachadh ionmhais.	Ionmhas is Taic Chorporra	Leantainn
Làraich-lìn:			
Cleachdadh an-dràsta	Chan eil poileasaidh aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear airson a bhith a' foillseachadh fiosrachadh sa Ghàidhlig air an làrach-lìn. Tha an Iris Lèirmheas Plana Coimhearsnachd 2010/11 ri fhaighinn sa Ghàidhlig.		

Raon-obrach Leasachaidh	Gnìomhan	Stiùir	Ùine
Prìomh raointean leasachaidh	Thoir seachad fàilte sa Ghàidhlig air an duilleag dachaigh mar dhoras gu tuilleadh fiosrachaidh a thaobh solar ionnsachaidh Gàidhlig agus FTMG.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	2016/17
	Thoir seachad duilleag Leasachaidh Gàidhlig, a' toirt a-steach Plana Gàidhlig Siorrachd Inbhir Àir an Ear agus fiosrachadh mun Ghàidhlig ann an Siorrachd Inbhir Àir an Ear.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	2016/17
	Thoir seachad ceanglaichean gu tuilleadh fiosrachaidh Gàidhlig.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	2016/17
Taisbeanaidhean:			
Cleachdadh an-dràsta	Chan eil Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear a' dèanamh ullachadh airson gum bi a' Ghàidhlig mar phàirt de thaisbeanaidhean.		
Prìomh raointean leasachaidh	Thoir seachad fiosrachadh mu cho-theacsa na Gàidhlig, far a bheil sin iomchaidh don taisbeanadh.	Seirbheisean Nàbachd	Leantainn

Caibideil 3 - Buaidh aig poileasaidh air a' Ghàidhlig: Toirt Plana Nàiseanta na Gàidhlig gu Buil

Buaidh aig poileasaidh air a' Ghàidhlig

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear ag aithneachadh gun tèid na raointean as cudromaiche a th' air an comharrachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh anns a' chuid as motha tron phlana Gàidhlig againn ach gun èirich cothroman gus an cànan a chur air adhart agus a leasachadh tro na ceuman poileasaidh a th'ann an-dràsta. Nì Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear sgrùdadh air na rùintean a thaobh poileasaidh a th' ann an-dràsta far am faodar Gàidhlig a thoirt a-steach gu gnìomhach agus na tàbhachdan ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an sàs tro modhan a bharrachd. Chì sinn an leasachadh seo a-rèir prionnsapalan àbhaisteach, aig a bheil e mar amas Gàidhlig a thoirt a-steach mar chuid de bheatha làitheil na h-Alba.

Ann an cruthachadh, ùrachadh is dearcnachadh phoileasaidhean, nì Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear cinnteach gum bi a' bhuidh air a' Ghàidhlig a-rèir Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Sealladh Farsaing air Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig ag aithneachadh ceithir mìrean ceangailte a bhuineas ri leasachadh-cànain air an fheumar aghaidh a thoirt, agus tha e a' nochdadh caochladh raointean-gnìomha tàbhachdach:

1. Togail-cànain

Cur ri àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid an cànan a thoirt a-nuas ann an teaghlachan is le bhith a' faighinn chothroman gus a' Ghàidhlig ionnsachadh, le bhith:

- a' cur ri cleachdadh is cur-a-null na Gàidhlig aig an taigh
- a' cur ri àireamh na cloinne a bhios a' togail na Gàidhlig anns an sgoil
- a' meudachadh air na tha ri fhaotainn de fhoghlam tron Ghàidhlig agus na tha a' tòiseachadh ann
- a' cur ri àireamh luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig a' dol air adhart gu fileantachd
- ag obair còmhla ri com-pàirtichean

2. Cleachdadh-cànain

A' brosnachadh barrachd cleachdaidh na Gàidhlig, toirt cothroman an cànan a chleachdadh, agus adhartachadh cothrom air modhan labhairt Gàidhlig, le bhith:

- a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan
- a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann am foghlam aig an treas ìre agus ann an ionadan-obrach
- a' cur ri ìre na Gàidhlig anns na meadhanan
- a' cur ri adhartachadh na Gàidhlig ann an saoghal nan ealain
- a' cur ri ìomhaigh na Gàidhlig ann an roinnean turasachd, dualchais is chur-seachadan

3. Inbhe cànain

A' cur ris an ìre de Ghàidhlig a chithear is a chluinnear, cur ris an ìre de dh'eòlas a tha oirre agus ìomhaigh deimhinne a chruthachadh airson na Gàidhlig ann am beatha phoblach na h-Alba, le bhith:

- a' cur ri ìre nam buidhnean a dh'ullaicheas Planaichean Gàidhlig
- ag àrdachadh ìomhaigh is cliù na Gàidhlig
- ag àrdachadh na h-ìre de Ghàidhlig a chithear is a dh'aithnichear

4. Corpas cànan

A' cur ri brìgh is seasmhachd na Gàidhlig is a' cur air adhart rannsachadh mun chànan, le bhith:

- a' cur ri iomchaidheachd is cunbhalachd na Gàidhlig
- a' cur ri càileachd eadar-theangachaidhean Gàidhlig is ris a' chothrom orra
- a' cur ris a' chothrom air fiosrachadh-rannsachaidh mionaideach

Rùn mu Amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha rùn aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear dèanamh cinnteach gun tèid am Plana Nàiseanta a chur an gnìomh is anns an earrann seo, tha sinn ag innse mar a tha e san amharc againn an t-amas sin a thoirt gu buil.

1. Togail Cànan

Feallsanachd:

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear mothachail ma tha seasmhachd gu bhith an dàn don Ghàidhlig gum feum barrachd dhaoine an cànan ionnsachadh agus nach fhuilear sealltainn gu sònraichte ris an dachaigh, ri foghlam is ionnsachadh do dh'inbhich mar na modhan as fheàrr gus seo a thoirt a-mach. Gabhaidh sinn na ceuman a leanas a chuidicheas gus àrainneachd thaiceil a chruthachadh gus fàs a thoirt air àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba.

Amas	Gnìomh	Stiùir	Ùine
A' cur ri cleachdadh is cur-a-null na Gàidhlig aig an taigh			
Àrdaich mothachaidh air cudromas na dachaigh ann a bhith a' togail agus a' cleachdadh na Gàidhlig.	Clàr-seòlaidh chun Bhuidheann Phàrant Nàiseanta agus buidhnean nàiseanta eile.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	Leantainn
	Thoir taic do Bhòrd na Gàidhlig ann a bhith a' libhrigeadh a chuid gnìomhachd gus cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh àrdachadh.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	Leantainn
A' cur ri àireamh na cloinne a bhios a' togail na Gàidhlig anns an sgoil			
Àrdaich taic do Fhoghlaim Gàidhlig aig a h-uile ìre	Thoir seachad 20 àite clàraichte ann an solar ionnsachaidh bogaidh tràth-bhliadhnach agus cùram-chloinne sa Ghàidhlig.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	Leantainn
	Brosnaich pàrantan gus a bhith a' sgrùdadh roghainn FTMG anns gach roinn.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	Leantainn
	Leasaich planaichean airson solar ceangailte Gàidhlig 3-18 air aon làrach fhathast ri dhearbhadh a tha an urra ri toradh na co-chomhairleachaidh laghail a dh'fheumas a dhèanamh agus a rèir cothrom air maoin taobh a-muigh	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	Criochnaichte Òg Mhìos 2014

Amas	Gnìomh	Stiùir	Ùine
	gus coinneachadh ri cosgaisean Calpa sam bith.		
	An urra ris na tha gu h-àrd, cuir solar ceangailte 3-18 an-gnìomh air aon làrach.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	Criochnaichte Òg Mhìos 2017
A' meudachadh air na tha ri fhaotainn de fhoghlam tron Ghàidhlig agus na tha a' tòiseachadh ann			
Àrdaich taic do Foghlaim Gàidhlig aig a h-uile ìre	Lean le bhith a' tabhann clas Neach-comhairle Gàidhlig dha sgoilearan a tha fileanta.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	Leantainn
	Thoir a-steach 'comas labhairt, leughaidh agus sgrìobhaidh Gàidhlig' mar fheart so-mhiannaichte ann an gnè-obraichean airson a h-uile cuspair ann an sgoiltean FTMG, far am bi beàrnan a' tighinn bho 2014.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	2014/15 agus a' leantainn
A' meudachadh air na tha ri fhaotainn de fhoghlam tron Ghàidhlig agus na tha a' tòiseachadh ann			
Àrdaich taic do Foghlaim Gàidhlig aig a h-uile ìre	Neartaich an dàimh eadar solar Bun-sgoile is Àrd-sgoile a thaobh imeachd airson sgoilearan tro mheadhan na Gàidhlig.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	Leantainn
A' cur ri àireamh luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig a' dol air adhart gu fileantachd			
Àrdaich mothachaidh air cothroman ionnsachaidh do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig taobh a-muigh na sgoile	Lean air adhart le bhith a' toirt fiosrachaidh do phrìomh sgoilearan mun Ghàidhlig le bhith a' toirt cuireadh do dh'òraidichean tadhail, mar eisimpleir bho Shabhal Mòr Ostaig agus Oilthigh Ghlaschu.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	Leantainn
	Libhrig 8 prògraman ionnsachaidh Gàidhlig stèidhichte sa choimhearsnachd gach bliadhna le targaid de 12 neach-ionnsachaidh a bharrachd bliadhna às deidh bliadhna.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	Leantainn
Ag obair còmhla ri com-pàirtichean			
Bidh ag obair le ùghdarrasan eile gus amasan a' Phlana Gàidhlig a	Stèidhich conaltradh le ùghdarrasan faisg air làimh gu co-obrachadh a thaobh Gàidhlig a bhrosnachadh.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	2013/14 agus a' leantainn

Amas	Gnìomh	Stiùir	Ùine
bhrosnachadh.	Tòisich conaltradh le Glaschu mu bhith a' faighinn a-steach ann an dòigh iomchaidh gu solar FTMG mar a bhios sin riatanach.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	2013/14
Obraich le Roinnean Foghlaim Àrd-ìre is Adhartach gus amasan a' Phlana Gàidhlig a bhrosnachadh	Dèan conaltradh leis an roinn foghlaim adhartach ionadail a thaobh solar Gàidhlig le sùil ri goireasan a thoirt còmhla is dealbhadh airson imeachd.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	Leantainn
	Obraich le Oilthighean a' cuir taic ri prìomh chùisean libhrigidh leithid solar luchd-teagaisg, sgrùdadh na Gàidhlig, solar de dh' eòlas sònraichte, a bhith a' brosnachadh cùisean cultarail.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	2013/14 agus a' leantainn

2. Cleachdadh Cànan

Feallsanachd:

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear ag aithneachadh ma tha seasmhachd gu bhith an dàn don Ghàidhlig gun fheumar chan e a-mhàin cur ris an àireamh de dhaoine a bhruidhneas i, ach cur ris a chleachdadh fhèin cuideachd. Tha sinn mothachail air cho cudromach is a tha e a dhèanamh comasach do bharrachd dhaoine Gàidhlig a chleachdadh mar am modh-conaltraidh as fheàrr is as àbhaistich dhaibh ann an raon a tha a' fàs nas fharsainge nam beatha làitheil.

Amas	Gnìomh	Stiùir	Ùine
A' cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan			
Thoir seachad cothrom eile dha luchd-labhairt na Gàidhlig airson a' chànan a chleachdadh	Stèidhich cearcall còmhraidh ann an Cille Mheàrnaig, am baile ann an Siorrachd Inbhir Àir an Ear leis a' cheudad as àirde de dhaoine le tuigse/eòlas air a' Ghàidhlig (Cunntas-sluaigh 2001).	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	2014/15 agus a' leantainn
	Lean le bhith a' toirt taic do dh' obair Fòram Gàidhlig Siorrachd Àir An Ear.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	Leantainn
A' cur ri ìre na Gàidhlig anns na meadhanan			
Cuir cuideam air obair leantainneach co-cheangailte ri gnìomhachd Ghàidhlig agus soirbheachasan air feadh Siorrachd Inbhir Àir an Ear	Àrdaich brosnachadh chothroman ionnsachaidh agus gnìomhachd chultarail na Gàidhlig air làraich-lìn agus anns na pàipearan-naidheachd ionadail.	Conaltradh	Leantainn
A' cur ri adhartachadh na Gàidhlig ann an saoghal nan ealain			

Amas	Gnìomh	Stiùir	Ùine
Lean le bhith a' toirt taic do sheirbheisean Gàidhlig anns gach raon de sholar Ealain air feadh Siorrachd Inbhir Àir an Ear	Dèan tuilleadh brosnachaidh air farpais sgrìobhaidh Gàidhlig aig Fèis Leabhair Seula.	Leabharlannan is Cultar	Leantainn
	Lean le bhith a' toirt aoigheachd do dh' ùghdairean Gàidhlig aig Bun-sgoil Onthank agus Acadamaidh Grange tron Fhèis Leabhair Seula.	Leabharlannan is Cultar	Leantainn
	Thoir cothrom do sgoilearan pàirt a ghabhail ann an tachartasan a thèid a chumail aig an Fhèis Leabhair Seula.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	Leantainn
A' cur ri ìomhaigh na Gàidhlig ann an roinnean turasachd, dualchais is chur-seachadan			
Cuir air adhart cùisean Dualchais na Gàidhlig, a cànan is a cultar	Thoir aithne do 'Churaidhean Gàidhlig' ann am prìomh sheirbheisean le uallach airson a bhith a' cuir air adhart dualchas, cànan is cultar na Gàidhlig.	Leabharlannan is Cultar	2014/15

3. Inbhe cànan

Feallsanachd:

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear mothachail gu bheil inbhe a' chànan fo bhuidh aig an ìre a tha aice anns an àrainneachd làitheil agus an ìre dham bheil ga cleachdadh, ga luachadh agus ga meas leis na buidhnean sin aig a bheil buaidh chudromach air ar beatha làitheil.

Ullachadh a' Phlana Gàidhlig

Tha sinn air ar Plana Gàidhlig a leasachadh le bhith a' stèidheachadh buidheann-obrach, a' toirt a-steach riochdachadh bho sheirbheisean le uallach airson solar Gàidhlig air feadh an Ùghdarrais. Chaidh an dreachd phlana a chuirteachadh airson co-chomhairleachaidh nas fharsainge tràth ann an 2013. Às deidh don ùine co-chomhairleachaidh a bhith seachad, chaidh dreachd phlana deireannach a chuir chun Chaibineit airson aonta mus deach a chuir gu Bòrd na Gàidhlig airson aonta dheireannach.

A' cruthachadh Ìomhaigh Adhartach agus Follaiseachd don Ghàidhlig

Tron Phlana Gàidhlig againn, tha sinn ag amas air ìomhaigh adhartach den Ghàidhlig a chuir air adhart air feadh Siorrachd Inbhir Àir an Ear agus a bhith a' brosnachadh mothachaidh air a' phàirt a th' aig a' Ghàidhlig ann an Alba an-diugh.

4. Corpas cànan

Feallsanachd:

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear mothachail air an fheum a tha ann buntainneachd is seasmhachd na Gàidhlig a neartachadh, cho math ris a' chuideam air leigeil le seirbheisean eadar-theangachaidh agus rannsachadh mun chànan a chur air adhart.

Amas	Gnìomh	Stiùir	Ùine
A' cur ri iomchaidheachd is cunbhalachd na Gàidhlig			
A' cuir air adhart buntainneachd is seasmhachd na Gàidhlig mar a bhios sin iomchaidh	Lean air adhart a' brosnachadh na Gàidhlig anns gach cùis de dh' obair na Comhairle a b' urrainn a' Ghàidhlig a thoirt a-steach.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	Leantainn
	Dèan conaltradh ri buidhnean nàiseanta mar a bhios sin iomchaidh a thaobh stiùireadh mu sheasmhachd, leithid Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig agus Ainmean aite na h-Alba.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	Leantainn
A' cur ri càileachd eadar-theangachaidhean Gàidhlig is ris a' chothrom orra			
Dèan cinnteach gu bheil na h-eadar-theangachaidhean gu lèir ceart	Dèan e comasach gum faighear eadar-theangachaidhean Gàidhlig a tha èifeachdach a thaobh cosgais, far a bheil sin iomchaidh.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	Leantainn
A' cur ris a' chothrom air fiosrachadh-rannsachaidh mionaideach			
Dèan cinnteach gu bheil am fiosrachadh sgrùdaidh co-cheangailte ris a' Ghàidhlig gnàthaichte agus firinneach	Lean air adhart a' co-obrachadh le buidhnean a tha a' dèanamh sgrùdaidh mun h-uile cùis co-cheangailte ris a' Ghàidhlig.	Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta	Leantainn

Earrann 4 – Cur an Gnìomh agus Dearcnachadh

Bidh am Plana Gàidhlig seo an gnìomh gu foirmeil fad 4 bliadhna bhon cheann-latha a chaidh aontachadh leis a' Bhòrd no gus a bheilear air plana ùr a chur na àite. Ann an Caibideil 2 – *Rùintean Bunaiteach agus Earrann 3 – Buaidh aig Poileasaidh air Gàidhlig*, tha sinn air cinn-latha sònraichte a chomharrachadh airson amasan fa-leth nuair a tha sinn an dùil rùintean sònraichte a chur an gnìomh.

Sgaoileadh fiosrachaidh mun Phlana

Thèid Plana Gàidhlig Chomhairle Inbhir Àir an Ear fhoillseachadh anns an dà chànan air làrach-lìn Chomhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear. Cuideachd, nì sinn na leanas:

- cuiridh sinn brath-naidheachd a-mach mun Phlana;
- cuiridh sinn leth-bhreacan den Phlana sna h-oifisean poblach is sna h-ionadan-fàilteachaidh againn,
- bheir sinn fios mun Phlana don luchd-obrach air an lìon againn
- leth-bhreacan den phlana a thoirt do dh'eagrachaidhean ann an com-pàirteachas a rèir mar a tha iomchaidh;
- bheir sinn leth-bhreacan den Phlana do dh'eagrachaidhean Gàidhlig;

- bheir sinn leth-bhreacan den Phlana do bhuidhnean eile aig a bheil ùidh sa chùis; agus
- bheir sinn leth-bhreacan seachad nuair a thathar gan iarraidh.

Ullachaidhean a Thaobh Rianachd gus am Plana Gàidhlig a chur an Gnìomh

Tha am plana na phoileasaidh aig Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear agus tha e air taic fhaighinn bhon Sgioba-rianachd Chorpóra againn agus bho bhuill na Comhairle.

Uallach Iomlan:

Is e Stiùiriche Gnìomh Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta a bhios an urra aig a' cheann thall ri bhith a' dèanamh cinnteach gun toir Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear na geallaidhean sa Phlana seo gu buil thairis air na ceithir bliadhna bho 2013-2017.

Cuiridh Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear fios gu buidhnean com-pàirteachaidh iomchaidh eile, treas phàrtaidhean agus Buidhnean Taobh a-Muigh, ag innse mun Phlana agus a' sireadh co-obrachadh bhuapa ann an spiorad a' ghnìomhachd a th' air a mhìneachadh sa phlana seo.

Thèid adhartas mun Phlana a chur gu Caibineit na Comhairle agus Bòrd na Gàidhlig gach bliadhna.

Bheir Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear a-mach na feumalachdan a thaobh ghoireasan airson a' Phlana bho na buidseatan a tha ann an-dràsta agus cuiridh iad tagraidhean maoineachaidh gu buidhnean taobh a-muigh leithid Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba, mar a bhios sin riatanach.

Fios conaltraidh

Is e an t-oifigear as àirde dreuchd le uallach-obrach airson a bhith ag ullachadh, lìbhrigeadh is dearcnachadh Plana Gàidhlig Chomhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear:

Graham Short, Stiùiriche Gnìomh
Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta
Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir an Ear
Prìomh Oifisean
Rathad Lunnainn
Cille Mheàrnaig
KA3 7BU

Àir. Fòn: 01563 576017
graham.short@east-ayrshire.gov.uk

Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

Tormod Deeley, Leas Cheannard
Seirbheisean Foghlaim is Sòisealta
Acadamaidh Grange
Lonach Beithe
Cille Mheàrnaig
KA1 2EW

Àir. Fòn: 01563 549988
norman.deeley@east-ayrshire.gov.uk

